

# Pàtran cheistean airson cairtean nan dùthchannan

Airson aon dùthaich, mar eisimpleir, Na Bahamas:

1. **Dè a' mhòr-thìr anns a bheil na Bahamas?**  
Tha na Bahamas ann an Ameireaga a Tuath, anns a' Charibbean.
2. **A bheil na Bahamas anns an Roinn Eòrpa?**  
Chan eil, tha iad ann an Ameireaga a Tuath.
3. **Dè an fharsaingeachd a th' aig na Bahamas?**  
Tha farsaingeachd trì-deug mìle, ochd ceud seachdad 's a h-ochd cilemeatairean ceàrnagach aig na Bahamas.  
Faisg air ceithir-deug mìle cilemeatair ceàrnagach.
4. **Dè an àireamh-sluaigh a th' anns na Bahamas?**  
'S e trì cheud 's a naoi-deug mìle, trithead 's a h-aon an tuairmse airson 2013. (dà mìle 's a trì-deug)
5. **Ainmich prìomh-bhaile nam Bahamas.**  
**Dè an t-ainm a th' air prìomh-bhaile nam Bahamas?**  
Nassau  
'S e Nassau prìomh-bhaile nam Bahamas.
6. **Dè an domhan-leud 's an domhan-fhaid air a bheil Nassau, am prìomh-bhaile?**  
Fichead 's a còig mionaidean, còig diogan a tuath agus seachdad 's a seachd mionaidean, fichead 's a h-aon diogan an iar 25 05T 77 21
7. **Dè an sòn-tìm sa bheil Nassau?**  
Tha Nassau còig uairean air deireadh air an Uair Aonaichte Chruinneil no Uair Chuibheasach Ghreenwich
8. **Dè na prìomh chànanan a tha anns na Bahamas?**  
'S e Beurla agus Creole na prìomh chànanan sna Bahamas.
9. **Dè an t-airgead a tha ga chleachdad sna Bahamas?**  
'S e doilear nam Bahamas a tha ga chleachdad.  
Tha iad a' cleachdad doilear nam Bahamas

10. Dè am Mòr-thoradh Dùthchail aig na Bahamas?  
'S e aon-deug puing neon i a còig billean doilear an tuairmse airson 2012 (dà mhìle 's a dhà-dheug)  
Beagan a bharrachd air aon-deug billean doilear.  
Timcheall air aon-deug billean doilear.

## Airson grunn dhùthchannan

Faodaidh seo a bhith mar ghèam Top Trumps, far a bheil an sgoilear/am buidheann as luaithe a bheir freagairt ceart a' faighinn puing. Taghaidh an tidsear grunn dhùthchannan, a rèir 's dè tha iad a' rannsachadh agus/no comasan nan sgoilearan.

1. Ainnich dùthaich/dà dhùthaich anns a' Charibbean/ann an Ameireaga a Tuath/anns an Roinn Eòropa/ ann an Oceania/ ann an Ameireaga a Deas/ann an Afraga/ann an Àisia.
2. Dè am mòr-thìr anns a bheil Barbados?  
(Tha Barbados) ann an Ameireaga a Tuath, anns a' Charibbean.
3. A bheil Bangladeis ann am mòr-thìr Àisia?  
Tha. (Tha Bangladeis ann am mòr-thìr Àisia)
4. A bheil Canada ann am mòr-thìr Ameireaga a Deas?  
Chan eil, ach ann an Ameireaga a Tuath. (Tha Canada ann am mòr-thìr Ameireaga a Tuath)
5. Lorg dùthaich aig a bheil farsaingeachd nas lugh na/nas moth na..... cilemeatairean ceàrnagach.
6. A bheil farsaingeachd Bhangladeis nas moth na/nas lugh na farsaingeachd Bhrunei Darussalam?  
Tha an fharsaingeachd aig Bangladeis nas moth.
7. Lorg dùthhaich le àireamh-sluaign nas moth/nas lugh na...
8. A bheil àireamh-sluaign Cheinia nas àirde na ceathrad millean (40,000,000)?  
Tha. Tha an tuairmse airson 2013 os cionn ceathrad 's a ceithir millean (44,000,000).

9. Càit a bheil Port of Spain?  
(Tha Port of Spain) ann an Trinidad agus Tobago.
10. Ainnlich prìomh-bhaile a tha eadar 16 mionaidean a tuath  
agus 20 mionaid a tuath.  
St John's, Belmopan, Kingston
11. Dè an domhan-leud 's an domhan-fhaid aig prìomh-bhaile  
Astràilia?  
'S e trithead 's a còig mionaidean, ochd-deug diogan a deas  
agus ceud, ceathrad 's a naoi mionaidean agus ceathrad  
's a seachd diogan an ear an domhan-leud 's an domhan-fhaid  
aig Canberra, prìomh-bhaile Astràilia.  
*no dìreach*  
trithead 's a còig mionaidean, ochd-deug diogan a deas agus  
ceud, ceathrad 's a naoi mionaidean agus ceathrad 's a seachd  
diogan an ear.
12. Ainnlich trì prìomh-bhailtean a tha san aon sòn-tìm  
me, Leasoto, Malawi agus Mosambiog; Ottawa, Roseau agus  
Kingston.
13. Lorg dùthaich/x dùthchannan far a bheil Beurla agus  
Fraingis/ Beurla agus Creole nam prìomh chànanan.  
me, Camarùn, Canada, Greanàda
14. Lorg dùthaich far nach eil Beurla air a h-ainmeachadh sna  
cairtean mar phriomh chànan.  
Ciopras, Sri Lanka
15. Dè an t-airgead a tha ga chleachdadhbh anns na Bahamas?  
Doilear nam Bahamas
16. Dè chanas tu ris an airgead a tha ga chleachdadhbh ann an  
Canada?  
Doilear Chanada
17. Ainnlich dà dhùthaich a tha a' cleachdadhbh Doilear  
a' Charibbean an Ear.  
Antigua agus Barbuda, Dominica, Greanàda, St Kitts agus  
Nevis, St Lucia, St Vincent agus na Grenadines
18. Ainnlich dùthaich a tha a' cleachdadhbh Rand/Rupee/Tala/  
Tastan mar airgead.

- 19. Dè am Mòr-thoradh Dùthchail aig...?**
- 20. A bheil Mòr-thoradh Dùthchail nas mothà aig Canada na tha aig Astràilia?**
- 21. Cò an dùthaich aig a bheil am Mòr-thoradh Dùthchail nas mothà/nas lugha, Dominica no Fidsidh?**
- 22. A bheil Mòr-thoradh Dùthchail lameuga nas àirde na \$30 billean?**  
Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil. B' e an tuairmse airson 2011 \$24.75billean.
- 23. Cuir na cairtean a th' agad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fharsaingeachd as mothà/as lugha.**
- 24. Cuir na cairtean a th' agad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an àireamh-sluaigh as àirde/as isle.**
- 25. Cuir na cairtean a th' agad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an dùthaich as fhaide gu tuath/gu deas/as fhaisge air a' chrios-meadhain.**